

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Griogal Cridhe (3)

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,136. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 832 corresponds to Litir 1,136.

Cuiridh mi crìoch an-diugh air a’ chunntas agam mun t-seann òran ‘Griogal Cridhe’ à Siorrachd Pheairt. ’S ann mu dheidhinn bàs Ghriogair Ruaidh a tha e. A rèir choltais, ’s ann bho sheinneadairean ann an àiteachan eile – ’s dòcha anns an Eilean Sgitheanach – a thàinig an dreach ‘Griogal’ air ainm an duine.

Bha a bhantrach, Mòr, troimhe-chèile mu a bhàs. Chan eil e soilleir am faca i fhèin dì-cheannachadh an duine aice. Ach sgrìobh i mar gum faca:

*’S ged tha mi gun ùbhlán agam,
’S ùbhlán uil’ aig càch;
’S ann tha m’ ubhal cùbhraidh grinn,
Is cùl a chinn ri làr.*

Bha i air a bhith ann an trom-ghaol leis an duine aice. Bha i a-nise làn. Sgrìobh i:

*Ged tha mnathan chàich aig baile, Nan laigh’ ’s nan cadal sèimh
’S ann bhios mis’ aig bruaich mo leapa, A’ bualadh mo dhà làimh.*

Mar a bha mi ag innse dhuibh an t-seachdain sa chaidh, phòs Mòr fear eile an dèidh bàs Ghriogair. Ghabh i fhèin ‘Baran crìon na dalach’ mar ainm air a chèile ùr, co-dhiù **na cuid bàrdachd**. ’S dòcha gun robh taigh snog aige faisg air abhainn, ach b’ fheàrr leatha fhathast a bhith còmhla ri Griogair a-muigh sa choille no sa mhonadh:

*’S mòr a b’ annsa bhith aig Griogair, Air feadh coille ’s fraoich
Na bhith aig Baran crìon na dalach, An taigh cloich’ is aoil.*

Agus seo dà rann eile a tha a’ dèanamh soilleir cho mì-thoilichte ’s a bha Mòr mun t-suidheachadh aice:

*’S mòr a b’ annsa bhith aig Griogair, Cur a chruidh don ghleann
Na bhith aig Baran crìon na dalach, ’G òl air fion ’s air leann.*

*’S mòr a b’ annsa bhith aig Griogair, Fo bhrata ribeach ròin
Na bhith aig Baran crìon na Dalach, Giùlan sìoda ’s sròil.*

Tha Màrtainn MacGhriogair agus eòlaiche eile – Virginia Blankenhorn – air sùil gheur a thoirt air an òran seo. Abair gu bheil eachdraidh mhòr aige. Chaidh e bho bheul gu beul agus bho ghinealach gu ginealach airson cha mhòr dà cheud gu leth bliadhna mus do nochd e ann an clò. Bha sin ann an ochd ceud deug, trithead ’s a trì (1833). Nochd e bhon uair sin ann an grunn chruinneachaidhean sgrìobhte.

Aig an aon àm, tha e coltach gun robh an t-òran a’ dol fhathast bho bheul gu beul ann an diofar sgìrean dhen Ghàidhealtachd. Chruinnich Frances Tolmie dreach

dheth anns an Eilean Sgitheanach, agus bha an t-òran air a sheinn cuideachd anns na h-Eileanan Siar, eadar Leòdhas agus Bhatarsaigh.

Bha e air a chruinneachadh a-rithist anns an fhicheadamh linn ann an Siorrachd Pheairt aig fear à taobh Loch Tatha. Bha an dreach aigesan uabhasach coltach ri fear a bh' ann an clò. Chan eil e soilleir an robh am fear seo air an t-òran ionnsachadh, gu ìre co-dhiù, bho fhaclan sgrìobhte seach bho bheul-aithris. Ach tha e iongantach gun robh cuideigin às an sgìre às an robh an t-òran fhèin comasach air a sheinn ceithir cheud bliadhna an dèidh do Mhòr Chaimbeul a chruthachadh. Airson crìoch a chur air mo chunntas, seo rann eile bhon òran.

*Ged bhiodh cur is cathadh ann, Is latha nan seachd sian;
Gheibheadh Griogair dhomhsa creagan, San caidlimid fo dhìon.*

* * * * *

Faclan na Litreach: dì-cheannachadh: *beheading*; na h-Eileanan Siar: *the Western Isles*; Leòdhas: *Lewis*; Bhatarsaigh: *Vatersay*.

Abairtean na Litreach: Cuiridh mi crìoch air a' chunntas agam: *I'll finish my account*; 's ann bho sheinneadairean ann an àiteachan eile a thàinig an dreach 'Griogal': *it's from singers in other places that the form 'Griogal' came*; bha a bhantrach, Mòr, troimhe-chèile mu a bhàs: *his widow, Marion, was bereft about his death*; 's ged tha mi gun ùbhlan agam: *although I am without apples*; 's ùbhlan uil' aig càch: *and others have all the apples*; 's ann tha m' ubhal cùbhraidh grinn, is cùl a chinn ri làr: *my own apple, fragrant and handsome has the back of his head on the ground*; ged tha mnathan chàich aig baile: *though other men's wives are at home*; nan laigh' 's nan cadal sèimh: *lying and sleeping quietly*; 's ann bhios mis' aig bruaich mo leapa: *I'm at the edge of my bed*; a' bualadh mo dhà làimh: *beating my hands (in grief)*; air feadh coille 's fraoich: *throughout wood and heather*; na bhith aig Baran crìon na dalach: *than with the stingy Baron of the river-meadow*, an taigh cloich' is aoil: *in a house of stone and lime*; fo bhrata ribeach ròin: *under a rough hairy cover*; (a') giùlan sìoda 's sròil: *wearing silk and satin*; cha mhòr dà cheud gu leth bliadhna mus do nochd e ann an clò: *nearly 250 years before it appeared in print*; ged bhiodh cur is cathadh ann: *though there should be blizzards*; is latha nan seachd sian: *and a day of appalling weather*; gheibheadh Griogair dhomhsa creagan: *Gregor would find for me a small crag*; san caidlimid fo dhìon: *where we'd sleep under shelter*.

Puing-chànain na Litreach: 'S mòr a b' annsa bhith aig Griogair: *annsa is used to express love or attachment and it is a rather nice word, although less used today than in past generations. It is considered to be the (irregular) comparative form of the adjective toigh 'agreeable, pleasing' and like toigh it is often used with the preposition le. Is toigh leam 'I like'; is annsa leam 'I prefer, really treasure'. The past tense form is b' annsa e.g. b' annsa leam a bhith cuide ri mo chàirdean 'I absolutely loved being with my friends'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: co-dhiù na cuid bàrdachd: *at least in her poetry*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoinachadh le MG ALBA